

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

BÒRD NA GÀIDHLIG AG ÙRACHADH AN TAIC DO BBC ALBA A CHRAOLADH AIR FREEVIEW

14 An Dàmhair 2010

Sgrìobh am Bòrd roimhe seo gu Urras a' BhBC agus mhinich Cathraiche a' Bhùird Art MacCarraig gu bheil làn-dhùil aig a' Bhòrd sin a dhèanamh a-rithist an dèidh deasbad eile sa phàrlamaid an Dùn Èideann an t-seachdain seo chaidh far an do nochd taic phoilitigeach bho gach pàrtaidh.

A' bruidhinn aig tachartas an co-bhonn ri MG Alba, a tha stiùireadh seirbheis telebhisein na Gàidhlig aig a' Mhòd Rìoghail Nàiseanta ann an Gallaibh an raoir, thuirt e: "Tha BBC Alba air gach dleastanas a chaidh a chur ron t-seirbheis a choilionadh agus, le ceartas, chan eil ach aon cho-dhùnadh a bu chòir do dh'Urrasairean a' BhBC a ruighinn. Tha an tachartas seo mar thoradh air co-obrachadh eadar Bòrd na Gàidhlig agus MG ALBA agus tha sinn gu math toilichte a bhith co-obrachadh le diofair bhuidhnean a th'air an aon ràmh, oir 's e sin a dh'fheumas tachairt ma tha sinn a' dol a shoirbheachadh le bhith a' cur Ginealach Ùr na Gàidhlig an gnìomh. Tha na tha a' tachairt leis a' BhBC glè chudromach dhuinn uile, agus bu choir dhuinn a bhith cho taiceil sa ghabhas dhan iomairt a tha seo ach am faigh saoghal na h-Alba gu lèir cothrom air an t-seirbheis."

A' bualadh air cuspairean nas fharsaing, thug an Cathraiche tarraing air na dùbhlain eile a mu choinneimh a' Bhùird aig a' cheart àm. "Bu mhath leam ur cuideachadh iarraidh oir tha dùbhlain nach beag ro Bhòrd na Gàidhlig ann a bhith a' meudachadh àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig. Ged a tha Ginealach Ùr na Gàidhlig againn mar stiùir is chlàr-obrach, cha bhi sinn a' cur air cùl ri na molaidhean farsaing anns a' Phlana Nàiseanta. Bidh sinn fhathast a' togail inbhe agus ìomhaigh na Gàidhlig, a' toirt taic do na h-ealan Gàidhlig, do rannsachadh agus do dh'fhoghlam aig àrd ìre tro na colaistean agus oilthighean a tha a' dèanamh obair air leth feumail.

"Ach tha Ginealach Ùr na Gàidhlig ag amas gu sònraichte air leasachaidhean ann an trì roinnean deatamach: Foghlam ro-sgoile; Cothroman ionnsachaidh do dh'inbich agus Foghlam anns na sgoiltean. Feumaidh sinn a-nise com-pàirteachasan èifeachdach a chur air dòigh airson foghlam Gàidhlig a leudachadh aig gach ìre. Tha mi airson a bhith soilleir gum bi na buidhnean ionadail a tha ag obair gu cruaidh ann am foghlam ro-sgoile fhathast a' faotainn taic bho Bhòrd na Gàidhlig. Gu dearbh tha am Bòrd air a bhith maoineachadh

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



grunn bhuidhnean ro sgoile tron sgeama Taic Freumhan Coimhearsnachd againn - nam measg Cròileagan Inbhir Theòrsa sa bhaile seo fhèin. 'S e dìleab glè mhath a bhiodh ann nam biodh ionad Gàidhlig air a stèidheachadh sa bhunsgoil an seo. Tha deagh rùn aig Comhairle na Gàidhealtachd sin a dhèanamh ged a tha neach-teagaisg fhathast a dhìth.

“Ged a tha sinn ag iarraidh àireamhan a thogail, tha sinn cuideachd ag iarraidh sùil a chumail air an ìre de dh’fhileantachd a tha clann a ruighinn, agus sin a neartachadh cuideachd. Bu mhath leinn suidheachadh fhaicinn far a bheil sgoiltean agus ionadan a’ dèanamh barrachd feum de na daoine a th’ anns na coimhearsnachdan againn aig a bheil fìor dheagh Ghàidhlig, airson a thighinn a-steach gu taic a thoirt do na cuspairean anns a bheil a’ chlann an sàs. Bheireadh seo dhaibh barrachd chothroman èisteachd ri Gàidhlig mhath, shiubhlach agus eòlas fhaighinn air briathrachas eadar-dhealaichte, a’ neartachadh a’ bheachd gu bheil a’ Ghàidhlig àbhaisteach agus gu bheil i fhathast aig daoine taobh a-muigh na sgoile.”

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



BÒRD NA GÀIDHLIG RENEWS SUPPORT FOR CAMPAIGN FOR FREEVIEW

14 October 2010

The Bòrd has previously written to the BBC Trust calling for the provision and Bòrd Chairman Arthur Cormack said yesterday that the Bòrd would be writing again to press the case following the all-Party support for the campaign delivered in a debate in the Scottish Parliament last week.

Speaking at an event co-hosted with MG ALBA, who deliver the Gaelic television service, at the Royal National Mod in Caithness, Mr Cormack said: “BBC ALBA has fulfilled all the targets set for the service and, in all honesty, there is only one decision that the BBC Trust should deliver. This event is evidence of the collaboration between Bòrd na Gàidhlig and MG ALBA and we are pleased to be working with other organisations which hold similar views, because that is what must happen if we are all to achieve the aims and objectives set out in our action plan Ginealach Ùr na Gàidhlig, Creating a new generation of Gaelic speakers. The BBC Trust’s process and final decision will be crucial to us all and we should be as supportive as we can in the campaign to persuade the Trust that the whole of Scotland should have access to the television service.”

Speaking of Gaelic developments in a wider context, Mr Cormack addressed a number of challenges currently facing the Bòrd. “I would also like to ask everyone to support us in our primary aim of increasing the number of Gaelic speakers. While we have Ginealach Ur na Gàidhlig as our Action Plan and core guidance, we are not in any way setting aside the other targets and ambitions detailed in the National Plan for Gaelic. We will still be actively promoting Gaelic, supporting the Gaelic arts, commissioning research and seeking developments in education at the highest levels through Colleges and Universities where there is a great deal of good work already under way.

“However, we are clearly focusing on three key areas in Ginealach Ùr na Gàidhlig: pre-school education, opportunities for adults to learn the language and education in schools. WE have to ensure that we have efficient partnerships and collaboration in place in all these areas. I want to emphasise that local organisations working at community level will still be getting support from Bòrd na Gàidhlig. Indeed the Bòrd has just this week published details of some community projects in the Mod area which have been successful in receiving funding for projects. It would be a tremendous legacy of this Mod if we were able to firmly

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



establish Gaelic in the local primary school. Highland Council is clearly trying to do this but has a difficulty in locating a teacher.

Mr Cormack concluded: “Although our aim is to raise the number of people speaking Gaelic, we also need to be aware of issues relating to the levels of fluency and to ensure the integrity of the language being spoken. I would also like to see schools using people in their own communities who have special skills in Gaelic and it would be a great advantage to schools if they could capitalise on the knowledge and expertise which may be available to them locally. This would be of great benefit to pupils and teachers and would open up a whole new range of expertise, vocabulary and richness of language to the next generation of Gaelic speakers, enabling them to put the language to much greater use out with the school context.”